



## Tìotal: Pornografaidh

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus a bhith air a chleachdadh gu deimhinneach cho math ri àicheil. HWB 4-45a</p> <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aoisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a' faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus a' bhuidh a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-a-mach. HWB 4-46b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.</li> <li>A' dèanamh measadh air mar a tha na meadhanan, a' gabhail a-steach nam meadhanan sòisealta agus pornografaidh a' toirt buaidh air slàinte bodhaig agus slàinte inntinn.</li> </ul>

### Amasan ionnsachaidh

- Gum meòraich daoine' òga air, agus gun tog iad am beachd fhèin air pornografaidh agus gun ionnsaich iad dòighean-obrach timcheall air na dealbhan/filmichean a chì iad.
- Gum faicear pornografaidh mar mheadhan trom bi daoine air an làimhseachadh mar rudan, air an goirteachadh agus far am bithear a' gabhail brath orra.
- Gun tuig daoine' òga gu bheil roghainnean aca agus gum faod iad roghnachadh gun a bhith a' coimhead pornografaidh.
- Gum bi daoine' òga a' tòiseachadh air smaoinneachadh gu breithneachail mu na beachdan aca air pornografaidh.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mun diofar eadar feise ann am pornografaidh agus feise eadar dà inbheach deònach ann an dàimh.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh gu bheil pornografaidh a' sealltainn giùlan a dh'fhaodas a bhith fòirneartach no a' tàmailteachadh, agus nach eil giùlan dhen t-seòrsa sin freagarrach ann an dàimh àbhaisteach.
- 'S urrainn dhomh mo bheachd a tha a' tighinn gu buil mu phornografaidh a chur an cèill.
- 'S urrainn dhomh ainmeachadh càit agus cò thuige a thèid mi ma tha ceist agam no iomagain orm.

**NÒTA:** Thathas a' meas gum bi co-dhiù an treas cuid de dhaoine òga a tha a' tòiseachadh san àrd-sgoil air coimhead air pornografaidh, agus ro dheireadh ÀS2 bidh còrr air 95% air coimhead air. Gu tric tha e duilich do inbhich tuigsinn dìreach cho ruigsinneach sa tha an stuth seo do chlann is daoine òga. Tha mòran de

dhaoin' òga ag ràdh gum fac' iad pòrn an toiseach air thurchairt, 's dòcha tro *pop ups* no le bhith a' coimhead *reaction videos* air YouTube, 's e sin le bhith a' coimhead air daoine eile 's iadsan a' coimhead pòrn, gu sònraichte pòrn grafaigeach. 'S dòcha gur ann bho thaobh àbhachd seach feise a bhios an t-eòlas as tràithe aig clann (gu sònraichte balaich) air pornografaidh agus de bhith a' coimhead air pornografaidh còmhla. 'S dòcha gun deach ìomhaighean no film pòrn a chur thuca le feadhainn eile. Ged a thathar a' toirt beachd soilleir seachad gu bheil pornografaidh a' gabhail brath air, agus ag isleachadh dhaoine, tha e cudromach èisteachd gu fosgailte ris na dh'fhaodadh daoine òga aithris gun bhreithneachadh. Coltach ris a h-uile deasbad RSHP, cha bu chòir ceistean a bhith pearsanta/mun neach fa leth, ach bu chòir dhaibh a bhith farsaing, mu na tha 'daoine òga' a' faicinn agus a' roghnachadh a bhith a' coimhead. 'S d' fhiach cuimhneachadh, leis mar a tha pornografaidh a-nis bitheanta, gun urrainn do dh'fhir òga gu sònraichte a' chiad thuras a' coimhead pornografaidh fhaicinn mar cheum beatha no *rite of passage*.

Air feadh a' ghoireas RSHP tha mòran chothroman airson ionnsachadh mu ghnè agus dàimhean eadar-phearsanta, cuiridh na gnìomhan seo cuideachd cuideam air prìomh theachdaireachdan mu spèis, neo-fhòirneart agus dìon. Aig Àrd Ìre tha tuilleadh gnìomhan ionnsachaidh a bhios a' sgrùdadh pòrn ann am barrachd doimhneachd.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Bileag: Prìomh phuingeann ionnsachaidh agus ceanglaichean gu tuilleadh fiosrachaidh
- *Porn: Fact or Fiction* animation bho amaze.org (faid 1 mhion. 58) <https://youtu.be/GdB2rmGqqNU>
- ChildLine duilleagan mu phòrn air-loidhne: <https://www.childline.org.uk/info-advice/bullying-abuse-safety/online-mobile-safety/online-porn/>

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

### Obair

1. Tòisich an leasan mar a leanas: An -diugh bidh an clas a' bruidhinn mu phornografaidh.
  - Aidich gur dòcha gu bheil cuid de dhaoine' òga air tòrr pornografaidh fhaicinn, 's dòcha nach fhaca cuid aca grèim idir, agus bidh mòran air cuid de rudan fhaicinn, 's dòcha le thurchairt, no seach gu bheil cuideigin air rudeigin a sgaoileadh air a' fòn aca.
  - 'S e amas a bhith a' bruidhinn agus ag ionnsachadh còmhla an-diugh feuchainn ri smaoineachadh air pornografaidh, dè na teachdaireachdan a dh'fhaodas a bhith na lùib agus mar a tha daoine òga ga thuigsinn. Mìnich cuideachd gum bruidhinn thu gu fosgailte agus gu h-onarach mu dheidhinn pornografaidh agus gu bheil e cudromach nach bi iad a' breithneachadh no a' magadh air neach sam bith. Tha e ceart gu leòr nach bithear ag aontachadh ri beachdan dhaoine eile, ach bu chòir cànan spèiseil a chleachdadh an-còmhnaidh.
  - Mu dheireadh, ma tha sìon ann nach eil daoine' òga airson fhaighneachd air beulaibh dhaoine eile, no ma tha iad ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn, cuir nan cuimhne gum faod iad bruidhinn riut aig àm eile.
2. **Dè th' ann am pornografaidh?** Seall an ath dhà slaighd, a' dèanamh cinnteach à tuigse.

**Bidh am facal 'pòrn' cuideachd air a chleachdadh airson pornografaidh.**

'S e pòrn dealbh, ìomhaigh, film no faclan, co-cheangailte ri feise, a chaidh a dhèanamh no a sgaoileadh gus neach eile a bhrosnachadh gu feise.

Faodaidh pòrn pàirtean bodhaig feiseil a shealltainn no daoine a tha ri feise a shealltainn. Faodaidh cuid de phòrn daoine fhàgail troimh-a-chèile ma tha e a' sealltainn neach ga ghoirteachadh no a' fulang droch-dhiol. Faodaidh pòrn a bhith a' sealltainn gnìomhan feise a bhiodh nan adhbhar troimh-a-chèile no a bhiodh pianail do mhòran dhaoine nam beatha àbhaisteach.

3. **Deasbad clas.** Thathas a' moladh gum bi mòran den deasbad san leasan seo air a dhèanamh mar aon bhuidheann/clas gu lèir gus nach bi daoine òga ann an còmhraidhean a tha mì-chofhurtail dhaibh. Mìnich sin (cleachd slaighd): Is e pòrn agus feise na faclan as trice a bhios gan lorg air an eadar-lìon. Tha pòrn furasta fhaighinn, gu sònraichte air-loidhne. Can gum faodadh daoine òga pòrn fhaicinn eadhon ged nach robh iad ga lorg.

Cleachd an t-sreath de dh'earrannan a leanas mu dheidhinn pornografaidh, iarr beachd sa chlas a bheil daoine òga ag aontachadh, a' dol an aghaidh no a' faireachdainn gu bheil an fhreagairt an crochadh air rud eile. Dh'fhaodadh iad òrdagan suas, sìos no sa mheadhan/mì-chinnteach a chleachdadh gus innse gu bheil an fhreagairt an urra ri rud eile. Daingnich nach eil freagairtean ceart no ceàrr ann – mura h-eil daoine ag aontachadh, tha sin ceart gu leòr. Tha beagan teacsa a' toirt mìneachadh a bharrachd a' leantainn gach earrainn, Às dèidh gach earrainn 's dòcha gum bi beachd aig gach neach òg a tha iad deònach innse.

- **'S e rud spòrsail, gun chron a th' ann an coimhead pòrn** – *Tha cuid de dhaoine den bheachd gu bheil coimhead pòrn a' toirt air neach an neach eile fhaicinn mar rud feiseil a-mhàin 's chan ann mar neach co-ionann; tha seo dona dha na dàimhean againn. Tha tòrr pòrn a' sealltainn dhaoine gan goirteachadh no a' fulang droch dhiol, chan eil sin ceart agus chan eil e àbhaisteach no spòrsail.*
- **'S ann a-mhàin do fhireannaich agus do bhalaich a tha pòrn** – *Tha a' mhòr-chuid de phòrn ga choimhead le fireannaich agus balaich, ach bidh boireannaich agus nigheanan ga choimhead cuideachd. Cha bu chòir toirt air neach sam bith pòrn a choimhead an aghaidh an toil.*
- **'S urrainn dhut cus pòrn a choimhead** – *Tha rannsachadh ùr saidheansail ag ràdh gun urrainn do dhaoine a tha a' coimhead cus pòrn a bhith air an glacadh leis cho mòr 's nach urrainn dhaibh sgur ga choimhead. An uair sin feumaidh iad tuilleadh agus tuilleadh a choimhead gus buannachd fheiseil fhaighinn às. Faodaidh tu cuideachd beachd firinneach a chall air mar a bu chòir do fheise àbhaisteach agus dàimhean a bhith.*
- **Faodaidh coimhead pòrn a bhith dona do dhàimhean** – *Faodaidh pòrn droch bheachd a thoirt do fhireannaich agus do bhalaich air boireannaich. Ma choimheadas tu cus pòrn, 's dòcha gum faigh thu nas lugha de thoileachadh bho fheise còmhla ri cèile.*
- **Tha a' mhòr-chuid de dhaoine òga air pòrn fhaicinn** – *Tha 33% de dhaoine òga aois 11/12 ag ràdh gu bheil iad air pòrn fhaicinn. Tha 95% de dhaoine òga aois 14 bliadhna ag ràdh gu bheil iad air pòrn fhaicinn. Tha pòrn gu math furasta fhaighinn agus fhaicinn, ach chan eil sin a' ràdh gum feum e còrdadh riut no gum feum thu a choimhead.*
- **Faodaidh tu ionnsachadh mar a bhios tu ri feise le bhith a' coimhead pòrn** – *Tha feise àbhaisteach agus feise pòrn eadar-dhealaichte, Nì sinn barrachd smaoinichidh air an seo a-nis.*

Thoir an còmhradh gu crìch le bhith ag ràdh gu bheil tòrr dhiofar bheachdan ann mu pornagrafaidh. Aig an ìre seo daingnich/inns a-rithist nach fheum neach òg coimhead air pòrn agus nach fheum thu coimhead air bhon a tha do charaidean ga choimhead.

4. **Fior no fuadain?** Coimhead am film, tha e èibhinn agus a' còmhach nam prìomh phuingean bhon leasan thuige seo: *Porn: Fact or Fiction* (faid 1 mhion. 58 seconds) <https://youtu.be/GdB2rmGqqNU>  
Beachdan sam bith?
5. **Deasbad clas – Feise àbhaisteach v feise pòrn:** Daingnich a-rithist ged a bhios am pòrn a chì neach òg a' coimhead dha-rìribh bhon a tha daoine ann a' dèanamh rudan feiseil, mar a sheall am film chan eil e fìor. 'S e sgeulachd a th' ann. Sna slaighdean a leanas tha naoi pìosan teasca. 'S e dùbhlán a' bhuidhinn a' cur romhpa cò an taobh (deas no clì) a' tha ag innse rud fìor mu fheise (ie feise an taobh a-staigh do dhàimhean dha-rìribh dhaoine) agus cò an fheadhainn a tha a' toirt cunntas air feise pòrn (ie feise mar a chithear ann am pòrn). Bidh an t-òrdan eadar-dhealaichte air na slaighdean cuideachd (mar sin cha bhì feise àbhaisteach an-còmhnaidh air an taobh chli). Iarr air na daoine òga a tha deònach deas no clì èigheach mu choinneamh na ceist Cò an abairt a tha a' toirt cunntas air feise dha-rìribh? No Cò an abairt a tha a' toirt cunntas air feise a chithear ann am pornagrafaidh. (Tha an abairt mu dheireadh mu aonta. Tha stuth aig an ìre seo mu aonta, mura deach sibh thairis air an seo brosnach còmhradh mu aonta a' ciallachadh a bhith a' toirt cead airson ghnìomhan/suathadh feiseil, ma chaidh a chòmhachadh till air ais thuige.) Gabh nòta sa chlàr cò am fear a tha air gach taobh:

Feise Ceart	Feise Pòrn
Chan eil daoine an-còmhnaidh ag iarraidh a bhith ri feise.	Tha a h-uile neach an-còmhnaidh deònach a bhith ri feise.
'S urrainn dhut fàs trom le pàiste no STI a thogail mura bi thu a' cleachdadh casg-ghin agus condoman.	Cha bhì daoine a' cleachdadh chondoman agus chan eil diofar ann.
Faodaidh bodhaigean, pitean, cìochan agus buid a bhith de dhiofar mheudan agus chumaidhean.	Tha buid air leth mòr aig fireannaich. Tha cìochan air leth mòr air boireannaich agus pitean beaga.
Tha gaoisid air bodhaigean dhaoine.	Chan eil gaoisid air bodhaig neach sam bith.
Faodaidh daoine a bhith sàmhach, no fuaimneach agus a bhith a' dèanamh diofar sheòrsaichean fhuaimnean nuair a tha iad ri feise.	Tha feise fuaimneach, bidh daoine a' sgiamhail cho luath 's a thòisicheas iad ri bhith ri feise.
Bidh fireannaich a' siolachadh/bidh orgasm aca às dèidh a dhà no thrì mhionaidean.	Mairidh seasamhan-buid fhìreannach airson ùine fhada gun siolachadh.
Mar as trice bidh dithis an sàs ann am feise.	Bidh grunn dhaoine tric an sàs ann am feise.
Faodaidh feise a bhith spòrsail agus faodaidh daoine gaol a shealltainn dha chèile.	Tha feise curs agus faodaidh fòirneart a bhith na lùib, gun fhaireachdainnean. Bidh daoine tric a' fulang droch-dhiol agus air an goirteachadh.
Feumaidh aonta a bhith agaibh an-còmhnaidh.	Chan eilear a' bruidhinn air aonta aig àm sam bith; tha fireannaich a' gabhail ris no tha iad coma.

- Puingean cudromach mu phòrn.** Sgaoil a' bhileag air a bheil fiosrachadh an leasain seo. Fhad 's a tha sibh ga leughadh, dèan cinnteach à tuigse agus freagair ceistean sam bith. Ma ghabhas e dhèanamh, thoir tuilleadh ùine dhaibh airson coimhead air agus bruidhinn an measg a chèile, agus an uair sin freagair ceistean agus èist ri beachdan sam bith.
- Airson crìochnachadh seall fiosrachadh Childline mu phòrn air-loidhne air a' Smartboard** agus theirig sìos airson sealltainn dè tha ri fhaighinn: <https://www.childline.org.uk/info-advice/bullying-abuse-safety/online-mobile-safety/online-pòrn/>

### Ceangal ris an dachaigh

*Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair seo.*

Air an teirm seo tha sinn a' cleachdadh leasan bhon ionnsachadh againn mu Dhàimhean, Fallaineachd feise agus Pàrantachd gus bruidhinn air pornografaidh. Thathas a' meas gu bheil co-dhiù an treas cuid de dhaoin' òga a tha a' tòiseachadh san àrd-sgoil air pòrn fhaicinn, agus mu ÀS2 bidh am figear sin aig 95%. Tha an leasan seo a' toirt cothrom do dhaoin' òga meòrachadh air a' phòrn a tha iad 's dòcha air fhaicinn, am beachdan fhèin air pòrn obrachadh a-mach agus dòighean làimhseachaidh a leasachadh timcheall air ìomhaighean/filmichean nach eil iad airson fhaicinn.

Tha fiosrachadh math air-loidhne an seo do phàrantan agus luchd-cùraim:

<https://www.nspcc.org.uk/preventing-abuse/keeping-children-safe/online-pòrn/>

Tha fiosrachadh agus comhairle bho Childline cuideachd ri fhaighinn an seo:

<https://www.childline.org.uk/info-advice/bullying-abuse-safety/online-mobile-safety/online-pòrn/>

### Nòtaichean Tidseir

